

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Beinn Eighe

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 831. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 527 corresponds to Litir 831.

’S i mo rùn Beinn Eighe, dh’fhalbhadh i leam is dh’fhalbhainn leatha.

Nuair a chaidh mi seachad air Beinn Eighe – tè de bheanntan ainmeil Rois an Iar – sa Ghiblean, ’s ann mar sin a bha e. Abair gun robh i brèagha, le sneachd mòr oirre. Bha a’ choille aig bonn na beinne a’ coimhead brèagha cuideachd, agus na breacain-bheithe air sgeith mu mo thimcheall.

Bha caraid à Sasainn cuide rium. Dh’fhaighnich e dhìom gu dè bu chiall don ainm ‘Beinn Eighe’. Thuirt mi *‘file mountain’* ris. ’S e sin a thathar ag ràdh anns an taisbeanadh ùr aig Dualchas Nàdair na h-Alba faisg air Ceann Loch Iù. Agus tha a’ bheinn coltach ri eighe – an seòrsa le trì taobhan oirre, nuair a tha thu a’ coimhead oirre bho Cheann Loch Iù.

‘Feumaidh nach eil an t-ainm sean, **ma-thà,**’ thuirt mo charaid. ‘Chan eil a leithid de bhall-acfhainn air a bhith ann am bith uabhasach fada.’ Uill, cha robh fios agam dè chanainn. An uair sin smaoinich mi air mapa Bhlaeu a chaidh a dhèanamh ann an sia ceud deug, seasgad ’s a còig (1665). Am biodh an t-ainm air a’ mhapa sin?

’S iomadh rud luachmhor a th’ air mapa Bhlaeu. Mar eisimpleir, ’s e *Loch Ew* a th’ aige airson Loch Ma-ruibhe, a’ sealltainn nach robh ainm an locha air atharrachadh fhathast. ’S e sin as coireach gu bheil Ceann Loch Iù agus Leitir Iù co-cheangailte ri Loch Ma-ruibhe. Tha Blaeu ag ainmeachadh Leitir Iù agus cuideachd Glas-leitir, far a bheil taigh-taisbeanaidh SNH.

Ach, gu mì-fhortanach, chan eil Beinn Eighe air a h-ainmeachadh! Faisg oirre tha dà ainm beinne – *Bin Rowastack* – ’s e sin an Ruadh-stac a tha mar phàirt de Bheinn Eighe. Agus tha *Bin Inachan* ann. An e sin *Beinn Eunachan* ‘*mountain of little birds*’? Tha dìreach aon bheinn faisg air làimh le ainm car coltach ri sin an-diugh – Beinn an Eòin. Bha mi an dùil gun robh sin a’ ciallachadh ‘Beinn na h-Iolaire’ ach ’s dòcha nach eil sin ceart.

Rinn Uilleam Roy mapaichean dhen Ghàidhealtachd ceud bliadhna an dèidh Blaeu. Tha esan ag ainmeachadh Beinn Eighe (Ben Eay) agus Beinn an Eòin (Ben Neaun). Tha e cuideachd a’ cur an ainm ùir air Loch Ma-ruibhe.

Thionndaidh mi chun na ceiste, ma-thà – an robhar a’ dèanamh eighean, gu h-àraidh feadhainn trì-thaobhach, ro mheadhan an ochdamh linn deug? Uill, a rèir choltais, bha – ach ma tha fiosrachadh mionaideach agaibh fhèin air a’ chùis, bu mhath leam cluinntinn bhuaibh.

Bha, agus tha, eighean dhen t-seòrsa sin feumail airson na fiaclan air sàbhan a gheurachadh. Tha mi a’ smaoinichadh gu sònraichte air an t-sàbh mhòr a bhathar a’

cleachdadh airson craobhan a ghearradh. Bhiodh muinntir Cheann Loch Iù gu math eòlach air a leithid oir bha gnìomhachas mòr aca co-cheangailte ris a' choille a bha a' fàs mu thimcheall orra. Gu dearbh, bha gnìomhachas iarainn anns an sgìre sin uaireigin, agus an gual-fiodha air a dhèanamh às na craobhan a bha a' fàs ri taobh Loch Ma-ruibhe.

Ach, ma tha ceist sam bith ann mu ainmean-àite air Teàrmann Nàdair Nàiseanta Beinn Eighe, chan eil againn ach a dhol don obair sgoilearaich a rinn Roy Wentworth nach maireann. Chaidh fhoillseachadh o chionn seachd bliadhna deug. Bha Roy còir dhen bheachd dha-rìreabh gur e ciall an ainm '*file mountain*'. **Chan urrainnear àicheadh.**

* * * * *

Faclan na Litreach: breacain-bheithe: *chaffinches*; taisbeanadh: *exhibition*; Ceann Loch Iù: *Kinlochewe*; eighe: *file (tool)*; luachmhor: *valuable*; Loch Ma-ruibhe: *Loch Maree*; Leitir Iù: *Letterewe*; iarainn: *iron*; gual-fiodha: *charcoal*; Teàrmann Nàdair Nàiseanta Beinn Eighe: *Beinn Eighe National Nature Reserve*.

Abairtean na Litreach: dh'fhalbhadh i leam is dh'fhalbhainn leatha: *she would go with me and I would go with her (having romantic connotations)*; tè de bheanntan ainmeil Rois an Iar: *one of the famous mountains of Wester Ross*; abair gun robh i brèagha, le sneachd mòr oirre: *boy was she beautiful, with a lot of snow on her*; a' choille aig bonn na beinne: *the forest at the bottom of the mountain*; dh'fhaighnich e dhìom gu dè bu chiall don ainm: *he asked me what the name meant*; chan eil a leithid de bhall-acfhainn air a bhith ann am bith uabhasach fada: *that type of tool hasn't been in existence terribly long*; faisg air làimh: *close by*; thionndaidh mi chun na ceiste: *I turned to the question*; an robhar a' dèanamh eighean?: *were files being made?*; gu h-àraidh feadhainn trì-thaobhach: *especially three-sided ones*; ro mheadhan an ochdamh linn deug: *before the middle of the eighteenth century*; airson na fiaclan air sàbhan a gheurachadh: *for sharpening the teeth on saws*; bha gnìomhachas mòr aca: *they had a significant industry*; co-cheangailte ris a' choille a bha a' fàs mu thimcheall orra: *connected to the forest that was growing around them*; chan eil againn ach a dhol don obair sgoilearaich a rinn Roy Wentworth nach maireann: *we only need to go to the scholarly work of the late Roy Wentworth*; chaidh fhoillseachadh o chionn seachd bliadhna deug: *it was published 17 years ago*; dhen bheachd dha-rìreabh: *indeed of the opinion*; gur e ciall an ainm: *that the meaning of the name is*.

Puing-chànain na Litreach: Feumaidh nach eil an t-ainm sean, **ma-thà:** *the name can't be old, then. Note the spelling of the phrase (as approved by GOC 2009), with the hyphen and accented 'a'. Ma-thà means 'then, therefore, in that case'. In places like Skye you will even hear non Gaelic-speakers using it when speaking English. An alternative form, which is also common, is ma-tà.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: Chan urrainnear àicheadh: *it can't be denied.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA